



University
of Glasgow

MacMillan, Gilbert (2013) *Òrain Dhòmhnail Ruaidh Phàislig (The Songs of Donald MacIntyre, The Paisley Bard)*. [Performance]

Copyright © 2014 The Author

<http://eprints.gla.ac.uk/91607/>

Deposited on: 24 March 2014

Songs and supplementary information from Donald MacIntyre's manuscripts held in The University of Glasgow, Celtic and Gaelic . Transcribed by Gilbert MacMillan



Donald MacIntyre's wedding photo courtesy of Gilbert and Margaret Walker, Daliburgh

An Gileasach is Fionnlagh

'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Gun taisbean mi le bàrdachd
Mar dh'fhàg iad air mo sgiolladh mi
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh

Nuair bha mi 'n toiseach m' òige
Nuair dh'òlainn rud a dh'ithinn rud
Cha chluinninn ainm san dùthaich
Ach Fionnlagh is Fearchar Gileasach
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Bha deoch ga reic aig Fionnlagh
'S bha biadh am bùth a' Ghileasaich
An Gileasach is Fionnlagh

Nuair fhuair mi chiad bhonn airgid
Nuair dh'fhalbh mi às na filleagain
Chan fhaicinn bad lem shùilean
Ach uinneag bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Fìr mhòr aig doras Fhionnlaigh
'S fìr bheag aig bùth a' Ghileasaich
An Gileasach is Fionnlagh

Bu tric mi ann an aimleis
A' seal air rudan milis ann
Cha b' fhiach an uair sin Fionnlagh
Gum b' annsa bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
'S bha blas cho searbh aig Fionnlagh
'S bha blas siùcair aig a' Ghileasach
An Gileasach is Fionnlagh

'N uair dh'fhàs mi ann am sguaidich
A theann mi suas mun fhichead ann
Gun d' fhuair mi eòlas Fhionnlaigh
A chòrr air bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Chan iarrainnsa bhith 'n uair sin
A' bruachaireachd mun dithis ud
An Gileasach is Fionnlagh

Gum faighte h-uile seòrsa
Bha còrdadh ris na gillean ann

Bha 'n dram ga reic aig Fionnlagh
'S tombac am bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
's ann aca tha chlach bhuadhach
Le 'm buaireadh iad na fireannaich
An Gileasach is Fionnlagh.

Nuair thòisich mi ri iasgach
'S mi dèanamh beagan sgillinnean
Gum bithinn treis aig Fionnlagh
'S treis eil am bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Cho fad 's a mhaireadh cùineadh
Cha chuirinn cùl ri gin aca
Ri Gileasach no Fionnlagh.

Nuair rachainn dhan taigh-òsta
'S a dh'òlainn rud mun tillinn às
Bu tric mo phòca spùillte
Mun ruiginn bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Nuair thilleamis mi gun ruadhag
Bhiodh gruaimean air a' Ghileasach
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh

'S e chuir mi anns na fiachan
Bhith tric ag iarraidh mhineadh air
'S ga sgrìobhadh anns a' chunntais
An leabhar bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Chan fhaighte 'tick' aig Fionnlagh
Ach gheibht' i 'm bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh

Ged rachainnsa gu margadh
Le ainmhidhean nam milleanan
Chan fhaigh mi saorsa an ainbheach
A th' orm am bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Ma thèid mi nis gu Fionnlagh
Bidh diùmbadh air a' Ghileasach
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh

Ged reicinn de bhuntàta
Na dh'fhàsadh anns an iomaire
Gur gann gun glèidh mi gròt dheth

Nach tèid an cròg a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Bidh mise nis gu sìorraidh
A' pàigheadh fhiach dhan ghileasach
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh

Ged reicinn bocsa liabag
'S ged lìonainn chun nam bilean e
Cho luath 's a thig an t-airgead
Gum falbh e chun a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Gun rachainn cuairt gu Fionnlagh
Nan seachnain sùil a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh

Bha ' bhùth aig Dòmhnall MacFhearghais
Mun d' fhalbh e chun a thìde aiste
'S gun d' fhàg e stàll aig Fearchar
'S an t-airgead a chur thuigesan
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Bha fear am bruthach shuas dhiubh
'S fear eile air bruacih a' chidhe dhiubh
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh

Bha Fearchar 's a' bhùth ann
Bhiodh sùil aig' air an t-slige ann
Bha Fionnlagh 's e 'n taobh shuas dheth
Toirt buannachd às na frigeachan
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Gur sònraichte na buaidhean
Bha fuaighte ris an dithis ud
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh

Ged thigeadh gall no bùidsear
A dh'fhosgladh bùth san ionad ud
Cha riarach iad na daoine
'S cha mhair a h-aon dhiubh mionaid ann
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Chan fhalbh iad siud gu bràth às
Cho fad 's 'ios feàirrdan
An Gileasach is Fionnlagh

Cha deachaigh bùth chur suas ann
Aig Tuathach no aig Tirisdeach
Fear eòlach no fear fuadain
Thug buaidh air bùth a' Ghileasaich

'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Cho searbh 's gum biodh an call dhaibh
Bha uairean ann bhiodh milis dhaibh
Dhan Ghileasach 's do dh'Fhionnlagh

Bha bùth aig mac a' chlàirich
'S bha bùth aig Mac "Illinnein ann
Gun chnàmh iad às le chèile
'S tha 'n trade aig bùth a' Ghileasaich
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
'S gun glacadh iad a' ghaoth ann
'S a h-uile taobh bhon tigeadh i
An Gileasach is Fionnlagh.

Tha leth-cheud bliadhn' is còrr ann
Bhon thòisich mi air giomaich ann
'S ri cosnadh dhe gach seòrsa
'S gum b' eòlach mi air milleachadh
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
Gu socair seasgair saor ann
Nan suidh' aig taobh an t-simileir
An Gileasach is Fionnlagh.

'S an dèidh na fhuair mi dh'annradh
'S do ghràpadh feadh nan leigidhean
Tha mise mar a bha mi
Air àirigh 's mi gun ghliog agam
'S e 'n Gileasach is Fionnlagh
'S e Fionnlagh 's an Gileasach
'S am meòirean feadh na sgilinnean
An Gileasach is Fionnlagh

Ged chreach iad mi le chèile
'S bha reusan air a sin aca
'S e 'n t-òl 'sna bha mi dèigh air
A dh'fhàg fo èis a-nise mi
'S cha Ghileasach 's cha Fionnlagh

Òran Chalum MhicLeòid

Horo 'illean, bho Innis nan Àrd-bheann,
Seo agaibh mise 's nach mi tha dàna
Gleusadh mo ribheid 's a' bruidhinn an àird
Le facal no dhà mu Chalum MacLeòid

Ach, 'illean a shiùbhlas à Dùthaich nam Beannaibh,
Bhon bhuta 's Ceann Tiumpainn a dh'ionnsaigh Ceann Bharraigh;
Ma dh'èisteadh sibh briathran 's gun fìor thoirt à fanaid,
Their mise dhuibh ealain mu Chalum MacLeòid.

Seo agaibh mise 's mi ribheid ga gleusadh;
'S ait leam an ceathramh bhith aigeannach, èibhinn,
'S m' fhacail bhith freagairt an eagaibh a chèile,
Leagail mo dheud air Calum MacLeòid.

's aithne dhuibh Calum bho Arainn gu Ùige
Bho bhail Obar Dheathain gu cladaichean Mhùideirt
'S càit' bheil fear-teagaisg a' seasamh an cùbaid
Aig am bheil biùthas Chalum MhicLeòid

'S aithne dhuibh cuideachd tom-fuirich an àrmainn
Timcheall mhunaidhean Inbhir Loch Làirig
'S innisidh mi nis dhuibh cò nead anns an dh'fhàs e,
's ciamar a thàinig Calum MacLeòid.

Bha gliocas is comhairle turas aig seanchas,
Thuir iad gun cuireadh iad urram air Albainn,
'S thòisich iad is chruthaich iad duine gun chearb air,
'S thug iad mar ainm air Calum MacLeòid

Na subhailcean naomha gun laom iad mun cuairt air
A' nochdadh am fàbhair is a' bàirigeadh bhuidh air
Bha gibhtean gun sòradh gan dòrtadh a-nuas air
Secah òganach tuatha air uachdar an fheòir

'S e tùr agus tuigs agus toinigs is reusan
Chuir eanchainn a' chinn airson cinntinn an cèill ann
Chuir spiorad na bàrdachd an clàr aice fhèin ann
Gus fhàgail gun èis a bhith 'n teudan a bheòil.

Chuir aoibhneas is caoibhneas is loinn agus carthantachd
Cridhe na chliabh a bha lìonta le ceantlas
Dh'òrdaich iad dubhailceandubh às an t-sealladh
Air eagal cnap-starra bhith 'n rathad MhicLeòid.

Bha firinn is fialachd a' briathran ri naomhachd
's gun sheall iad mun cuairt dhaibh air uachdar an t-saoghail
Ach samhla gun càileachd an àireamh chlann daoine
Chan fhac iad ach aon fhear 's b' e an t-aon fhear MacLeòid

Chunnaic iad duine 's b' e an duin' e ga-rìreabh,
Rinn iad 's a' mhionaid dheth ministear sgìre
'S càit' bheil a leithid gus teagasg na firinn
Chuir e dhan duibhre Peadar is Pòl

Càit' eil fear-searmoin an Albainn no Sasainn
Gu mìneachadh seanchais cho ainmeil ri Calum
'S tha Tiomnadh Nuadh aige fuaighte ri theangaidh
Bhon t-Soisgeul aig Mata gu Taisbeanadh Eòin

Càit a bheil teang ann an Sasainn no 'n Èirinn
Thigeadh an àird ris an Gàidhlig 's am Beurla;
'S coingeis a labhras e 'n Eabhra is an Grèigis
Laidean 's gu lèir aig Calum MacLeòid.

Labhraidh e 's bruidhnidh e firinn gun mhùthadh
'S e h-uile Didòmhnaichgar spreòdadh gu ùrnaigh
Thig rìoghachd na glòrach fa chomhair do shùilean
Ma sheòlas tu d' iùbhrach fo stiùireadh MhicLeòid

Is seòlaid neò-lùbach a stiùireas e daonnan
Bhon bhòidich e chùrsa 's tha cùram nan daoine' air
'S gach fear nach eil diadhaidh am briathran is smaointean
Bu mhiann leis an saoradh is caochladh nan dòigh.

Bu mhiann leis an saoradh bho dhaors' an dubh-pheacaidh
'S e slighe na naomhachd bu chaomh leis bhith aca
'S le 'm buairidhean buaireasach buaint' ann an cleachdadh
Tigh'nn buadmhor fo bhrataich le smachd air an fheòil.

Ar ceanna-bheart gun fhòtas, ar cleòca ,ur guaillean
Ar lann anns an dòrn e gus còmhrag nam buairidhean
Oide gus eòlas dhuinn, treòraiche, buachaille,
Fògraiche thulas, fear fuadach nan sgleò.

'S toil leam fhìn an liùm

'S toil leam fhìn an liùm
Otho hùthill leòtho
Haori rìthill iù
Air dram am bùth an Leòdaich
'S toil leam fhìn an liùm
Otho hùthill leòtho

'S toil leam làn a' chuaich
Le cobhar bàn mu cluais
'S biodh blàth-dhealt nam beann-fuar
Bho eilean uaine cheò leis

Blàth-uisg nam beann
Deoch àbhaisteach ar dream
'S e an t-àbhachdas a bh' ann
A dh'fhàg a shannt, bhith oirne

Deoch le sealbh as fheàrr
A thig, no dh'fhalbh no thàinig
Tighinn bho thìr nan àrd-bheann
Glinn sam fàs an t-eòrna

Bruidhneadh iad air branndaidh
No air fion na Frainge
Ach 's e miann a' Ghàidheil
Nì as àirde tha an deò ann

'S chan eil botal dèanta
'S taitniche leam lìonte
Neartaich e, na mian iad
h-uile beul a dh'òl e

Fhuair mi anns na glinn thu
Far 'm bu chruaidhe brìgh thu
Nuas bho thìr mhic Aoidh
Gu ìleach a Lag Fraoig

Dusgadair nam bàrd thu
Far na dhùraig nàdar
Comas ciùil 's a' Ghàidhlig
Cànan nam beann mòra

Chan eil deur ri fhaotainn
A bha miann aig daoine air
Chuireadh trian dhe d' aoigh
Air aodainn ann an còisir

Ged bhitheadh botal fion

Ga chacadh rium air fhiaradh
Cha b' e geic mo liagh e
Eadar meur is òrdaig

Fùdar an fhir aosta
Dhùisgeadh às a' ghaoid e
Dh'ùraicheadh gu saod e
Nam biodh caolan beò dheth.

Riaghladairean Albainn
Leag a' chis cho searbh air
Sgrìobh le port nam marbh
Gum falbh leotha air na bòrdan

Transcript of letter from Donald MacIntyre to Cpt. Donald Joseph MacKinnon

71 Broomlands Street
Paisley
Renfrewshire
29 Aug 1957

My Dear Eòsag,

Just a wee note to let you know how sorry I am not to get home to Uist this year. I missed it although I enjoyed my holiday in Kingussie very much – a lovely place it is but no Gaelic, the only Gaelic I got apart from Morag and Dòmhnall Bàn was two old men from Roy Bridge, both of them blind who were in the sanatorium. I had plenty of talk with them and they knew the people I used to know when I was working with Balfour Beattie at Roy Bridge.

I heard your voice over the wireless the other night singing ‘The Rockets’ and you made a good job of it. I must thank you for the money you sent me. My wife never gave it to me nor let me know till I was actually on the train going to Kingussie. You will understand why yourself but you should not send anymore to me – you deserve it all yourself.

Now, you were telling me the last time I saw you the priest was fond of my song of the Rabbit. Well I am enclosing it rearranged and far bigger than it was before. I took nothing out but added a lot of verses that you haven’t heard before. I am also sending my translation of Dark Lochnagar and if you practice it and sing it. It’s a lovely tune and I made a lovely job of the translation. I’ll maybe hear you on the BBC singing it yet. I must tell you I got a letter from from Sydney Australia from somebody who is a professor of Scottish history and a bachelor of Arts. He wanted my translation of Burns’ s Tam O’ Shanter – how he heard about me I don’t know but I sent him a copy anyway.

So I must close now, we are all in our usual health hoping you and yours are the same. I remain your sincere friend,

Donald MacIntyre

Gearain a' Choineanaich

Gur e sinne th' anns a' ghiorag
Càit am faigh sinn teàrmann
Bhon thug cuid de dhaoine plàigh oirnn
Feuch an smàladh iad air falbh sinn
Cur an ìre feadh an àite
Gun do mhill sinn fàs an arbhair
'S nach bi tuathanas dòigheil
Mur an tèid ar pòr-ne mharbhadh

Thog iad oirnn gun robh sinn millteach
Eadar an Giblean is an Cèitean
Ag ith' an fheòir an tùs na bliadhna
Nuair bu riatanaiche sprèidh air
Airson fochann coirce is eòrna
Cha bhiodh ròineag às ar dèidh ann
Air a chrìonadh chun nan cnàmhan
Anns gach ceàrn na leag sinn deud air.

Bhiodh an crodh gun taiseachd bealtainn
Bhiodh am bainne gann air laoigh ann
Bhiodh na h-aighean 's bhiodh na gamhna
'M freastal connlach 's bàrr an fhraoich ann.
Iad a-rithist fad an t-samhraidh
'S galair tioram teann nan caolainn
'S ciamar a ruigeadh iad am margadh
's iad air seargadh leis a chaoile

Bidh an call sin oirnn air fhàgail
Mur bheil gràinnseach anns an dùthaich
Nuair a leig iad suas an t-àite
'S nach do bhuainn iad làn an dùinn ann
Nuair tha 'n fheamainn thar na tràghad
Air a smàladh ann am fùirneis
'N àite bhith air na cnuic ga sgaoileadh
'S a' cur beirm an aolach bhrùidean

Chan eil cuimhn' an-diugh mu dheidhinn
Dreumasdal is Peighinn nan Aoirean
Ged bu lìonmhor pailt ar treubh ann
Cha robh èis air mart no caora ann
Eadar machair agus mòinteach
Coirce is eòrna pailt ri fhaotainn
Seagal sìos gus beul an tiùrra
'S làn an dùirn ann air gach craobhaig.

Ionaltradh ann pailt aig brùidean
Feu a' brùchdadh tro gach mealghaich
'S cha robh feum air inneal ùillidh

Dh'fhòghnadh speal à bùth Mhic Fhearghais
Gillean a' crathadh is a' sgaoileadh
'S nuair a shèideadh gaoth an earradheas
Cruinneachadh is ràcadh is còcadh
Feadh nan cnoc gu moch is anmoch.

Àm na Samhna 's daoine air dòigh ann
Bhiodh gach iodhlan mhòr ga lìonadh
Bhiodh na bodaich trang a' suainteadh
Ròpa fraoich a bhuaibh 's a shnìomh iad
Timcheall air daisean is cruachan
'S acraichean a-nuas len cliathaich
Los gun seasadh iad an stèidhe
Nuair a shèideadh i bhon iardheas.

Cha robh daoine bh' ann an uair sin,
Mar tha sluagh a th' ann an-dràsta
Leig iad seo air talamh bhuaithe
Thug iad suas bhith a' cur 's ag àiteach
B' fheàrr leotha bhith fuireach dìomhainn
'S a bhith cur sìos air obair nàdair
A thug oirne fàs cho lìonmhor
'S a bhith sìolachadh cho làidir.

Chan fhaic thu 'n-diugh ball ga ghearradh
No maois ga tarraing am bàgh ann
Chan fhaic thu briseadh no taomadh
Dh'fhalbh na daoine bhiodh an sàs ann
Chan fhaic thu corran a' buain ann
Sùiste no buailtean no làmhchrann
Chan fhaic thu criathradh no rùladh
No triall gu muilleann le gràin ann

Ged tha fhathast crann is cliath ann
Chan eil gnìomh ann mar a b' àbhaist
Cha tèid todhar dearg no innear
Far an cinnicheadh buntàta

Chan fhaic thu cas chrom air sliabh ann
No srathair no cliabh no plàthta
No lìon ga chur air Loch Ròdhag
No iasgach le cròic an tàbh ann.

Ged nach cluinn thu dad dhe sin ann
Cluinnidh tu sinne air ar càineadh
Cluinnidh tu mun chall a rinn sinn
Eadar gleann is beinn is fàirre ann
Man sguir an àisneas mur deidhinn
'S ann bhios tu riut fhèin ag ràitinn
Gur bochd nach do bhàthadh Noah
Mun d' fhuair e beò leis às an àirc leinn.

Ach ma chruthaichheadh an tÙ sinn
Nach e Dia nan Dùl a rinn e
Gum b' fheàrr comhairle air a chulthaibh
Cò theireadh tionndadh na inntinn

Extra verses in Òran nan Rocaidean

'S e rocaidean, 's e rocaidean,
's e rocaidean an dòlais
A thàinig à Aimeireaga
Gus deireadh a chur oirne
'S ma bhios iad air an suidheachadh
An Uibhist bheag an eòrna
Chan fhad bhios duine beò ann
Ma thòisicheas blàr

Uibhist agus Barraigh
Cha bhi leanabh no fear liath ann
Leòdhasaich is Hearraich
Dol nan sradagan dhan iarmailt
Sgitheanaich is Muileich
Air am buileachadh dhan t-siorraidheachd
'S na h-eileanan an iar
Air an lìonadh le plàigh

'S e rocaidean, 's e rocaidean,
's e rocaidean an dòlais
A thàinig à Aimeireaga
Gus deireadh a chur oirne
'S ma bhios iad air an suidheachadh
An Uibhist bheag an eòrna
Chan fhad bhios duine beò ann
Ma thòisicheas blàr

Na Ruiseanaich a' deasachadh
's Aimeireagadh a' bòstadh
Gu bheil a h-uile uidheam ac'
Cruinnichte gus còmhstri
'S ma thig i chun nam buillean
Cha bhi Lunnainn 's cha bhi Ròim ann
No duine dh'fhànas beò
San Roinn Eòrpa na smàl

**Nach smaoinich sibh a-rithist air
Nach sinn chaidh sa ghlamaraidh
Nach sinne th' anns a' chabhail
Anns a' gheamhal a bhios searbh dhuinn
Sinn eadar clachan muilinn aca
'S coma dubh no dearg iad
Tha bhuil air tighinn air Albainn
Gun d' fhalbh i on Phàp.**

Tha a' bhuil a' tighinn gun teagamh oirnn
'S gur beag a bha do dhiù dhinn

Ach bhith nar fodar ghunaichean
Aig Lunnainnich 's aig Iùdhaich
Ga ginealach ga leagail dhinn
Le peilearan 's le fùdar
Gar cumail ris gach fùirneis
'S tè ùr ac' an-dràst'.

**Nach sgriosail dhuinn am bladaire
Bha 'g aideachadh na sheanchas
Nach b' urrainn dhaibh na Ruiseanaich
a thilleadh len cuid armait
'S e togail bhuainn 's am milleadh oirnn
Na muilleanan de dh'airgead
Gus dèanamh inneal mharbhaidh
Nach dearg air an gearrd.**

Gum b' fheàrr dhaibh a bhith teicheadh
Fhad 's bhios beagan dhe chuid dhaoin ann
A' shuidhicheadh an oisean beag
Air choireigin san t-saoghal
Bidh Uibhist uile mallaichte
Le conas agus caonnag
Tha 'n donas ann mu sgaoil
Thug e 'n taod thar a làmh

Carragh Beinn na Corrr-airigh
Gur coltach leam gun d' fhalbh i
Bhon ionad san do chuireadh i
Aig cruthachadh na talmhainn
Nuair thuiteadh i bhon ionad sin
Bhiodh sgrios a' tighinn air Alba
Thuirte fiosaiche bha ainmeil
San aimsir a bha.

Le turas gun bhuaidh thug sinn gu tuath

Chaidh am fear seo a dhèanamh mu thimcheall bliadhna a chaill sinn na clèibh ghiomach leis an stoirm, mi fhìn is fear eile, dìreach airson gàire a thoirt a-mach.

Le turas gun bhuaidh thug sinn gu tuath
Ma thugadh gu cuan na h-eargaich oirnn

Sèist

O hillirinn horo hogù
I iùbhra bhò mo chailinn donn
O hillirinn horo hogù

Cha ghluaiseadh i 's gann am falt air do cheann
Nuair chuir sinn iad ann Disathairne

Ach thàinig i 'n earrra-dheas, dh'fhàs i cho garbh
's gun d' thogadh air falbh bhon chladach iad

Sa mhadainn Diluain chan fheuchamaid bhuain
Bha coltas a' chuain cho bagarrach

Sa mhadainn Dimàirt bha i na b' fheàrr
Gun chuir sinn ri sparr a baideanan

Nuair rànaig sinn sìos a' dearcadh gu geur
Chan fhaic e siud sgeul air maide dhiubh

Ma thig iad am bàrr air cridhe muir tràigh
Tha fichead no dhà mun aigeal dhiù

Ma thig i on tuath 's nach fàs annta chruaidh
Gun aiseigear suas gu Canaidh iad

Chan eil anns na clèibh ach obair gun fheum
Gun dèan sìol-dèirce air thalamh dhìom

Nach b' iongantach dhuibh man tig mi gu crìch
Ged rachainn tron tìr air bhaigaireachd

Am fear a tha làmh rium faodaidh e ràdh
An iomadach càs gur faidhear sinn

Ged thigeadh oirnn sealbh cha b' fhada i bhith falbh
'S cha ghlèidheamaid airgead d' fhairtlich oirnn

Na boireannaich chan fhaigheamaid tè dhiubh
Chumadh a lèine ghlan oirnn

Ma thèid mi dhan chòmhlàn bidh iad ri spòrs

A h-uile tè òg is blad orra

Bidh 'n clachair 's an saor 's tè aige ri thaobh
Cha tigear an gaoth na maraichean

Chan fhaigh mi tè leòmach thig ann am chòir
Gur beag orra toichd nan dallagan

'S ann chanas iad rium ri teannadh a-nuas
Tha fàileadh a lionn 's na tearradh dhìot.

Rèideadh Ghleann Dail

Nach muladach dhuinne bhith seòladh à Uibhist
Gun rathad air fuireach mar fuiling sinn bàs
Chan urrainn dhuinn tuilleadh bhith fuireach nar suidhe
Ach èirigh for n-uidheam is tional gu blàr.

Cha ghabh sinn gu sìorraidh Gleann Dail 's e cho fiadhaich
Gun dad ann ach fianach a bhiathadh an t-àl
Gun ribe de dh'fheur chuireadh beathach na bheul
Ged a bhiodh iad a' sioladh dol sìos chun a' bhàis

Chan eil sinn ag iarraidh ach fearann na Crìosdachd
's gum pàigh sinn ar riab dheth mun teirig a' bhliadhna
Bidh 'n dùthaich ga riasladh le pian 'Civil War'.

'S e tha sinn ag iarraidh na fearainn tha 'n iar oirnn
Na machraichean ciatach tha breagh' agus blàth
'S mun deachaidh an sgaoileadh 's an cur feadh an t-saoghail
Gur ann bha na daoine' againn daonnan a' tàmh.

A-mach thar na mara gu faic sinn bhon chala
Na bataichean Barrach 's an sgadan san bàigh
'S air làithean gaillean bu bhòidheach an sealladh
Na stuadhanan geala ga slaiseadh ri tràigh.

Am Pàipear, An Cèitean 1977

Le taing do Jo NicDhòmhnaill airson a lorg.

Mo Chailin Donn Òg

Mo chailin donn òg 's mo nighinn dubh thògarrach,
Thògann ort fonn 's neo-throm gun tògann:
Mo chailin deas, dileas gun innsinn is chan obainn
Mar mheall thu os ìosal mo chrìdh-sa gu h-obainn.

Tha mise leam fhèin gu neo-èibhinn san talla
Ri sgrìobhadh 's ri leughadh is mo reusan ga sgaradh,
Tha gach nì orm a dh'èis is mi as eugmhais na cailinn
Chuireadh fonn fo mo chàil agus gleusadh air m' ealain.

Nam faighinn long ghleusda 's a h-èideadh mar channach,
Gu h-aigeannach, aotrom gu reubadh na mara,
Na tonnan gorm beucach gun gèilleadh fo darach
'S gu stiùrainn a ceuman air rèir poll na h-eala.¹

Bu bhinne do bheul leam na teudan fo h-ealain,
Bu gile do dheud leam na leudag a' channaich,
Do shùil mar an reul no mar sheud bu ghlan sealladh
'S b' e sòlas gu leir dhomh mo bheul bhith ri d' anail.

Tha thu bairididh nad cheum is tu stèidheal 'ad bhallaibh,
Tha thu milis 'ad bheul 's tu glè-ghlan 'ad shealladh;
G' eil mais ann 'ad aodann mar ghrian ri la earraich
'S mar fhiadh dhèanainn leum nam b' leam do chion-falaich.²
Mo chadal neo-èibhinn, mo lèirsinn ga dalladh,
A ghrian anns na speuran a tràigsinn mo sheallaidh;
A' ghealach is na reultan cha lèir dhomh is chan aithne
'S do ghaol air mo lèireadh is nach gèill thu dhomh gealladh.

Tha mi 'm laighe is chan èirich ged b' èibhinn leam tarraing
Gu iomachd an t-slèibh ri la grèine no gailleann,
Gur e gaol na te a lèir mi bheireadh rèidh mi o m' eallach,
Chuireadh oiteag fo mo sgèith los gun leumainn bhon talamh.

Bu chùirtear air feill thu is bu reul am measg bhan thu,
Bu lìonmhor do cheutaibh rinn ceudan a mhealladh;
Co an ainnir fon ghrèin dhut nach *gèill ann* am maise,³
Co riamh a fhuair beum dhut gun bhrèig a chur aithn' ort?

¹ 'S dòcha gur e ainm àite a tha seo? Cha robh e na fhasan aig DR litrichean mòr a' chleachdadh ann an ainmean.

² Gaol falaichte.

³ Da fhacal a chuir mi fhìn ann a chionn gun robh beàrn da lide anns an loighne a-reir a' mheataireachd Da fhacal a chuir mi fhìn ann a chionn gun robh beàrn da lide anns an loighne a-reir a' mheataireachd

Fhir astair a sheòlas gum eòlas sna beannaibh
Far am binne am bì ceòl bho na h-òighean san talla;
Thoir mo sgail chun na h-òigh, nighinn òg is glan sealladh –
Gaoil nach caochal gun sòradh fhad is beò mi air thalamh.

The unpublished songs

An Giolasach is Fionnlagh – it can be deduced from the rhythms of the songs that the melody for this song is that of Am Ministear 's am Bàilidh. The song itself gives a humorous account of two establishments in Lochboisdale – Bùth a' Ghiolasaich and Lochboisdale Hotel, which was managed by Fnlay Mackenzie. The song gives a picture of the community at the time because he names the different shops and shopkeepers and of course the delights that were to be had in the establishments.

Calum MacLeòid – This song is a song in praise of a minister or lay-preacher called Calum MacLeod. The melody for this song would be the same as 'Dol do Dh'Uibhist'. In the song, the bard praises the Calum's skills as a preacher, praises his knowledge of the bible and he says that he was a kind person.

Rèideadh Ghleann Dail – The melody for this song would appear to be 'Òran Mhanitoba/Gur muladach mise 's mi seo gun duin' idir'. In this song the bard praises those trying to raid the land at Glendale so that they can get crofts.

'S toil leam fhìn an liom – This song praises the drink. He also mentions 'Bùth an Leòdaich' which is the same one as his famous 'Bùth Dhòmhnail 'IcLeòid'. This is a humorous song but it is not known which melody goes with this song.

Gearain a' choineanaich – this humorous song about the complaints of the rabbits about being accused for damaging crops is a second version which was composed by Donald MacIntyre. The first version is in Sporan Dhòmhnail but only the first verse is the same in both versions.

Le turas gun bhuidh thug sinn gu tuath – this song tells of a local event (when the bard and a colleague lost their lobster creels in a storm. There are also humorous elements in the song as he tells about the difficulties that fisherman have while courting. The melody for this song is likely to be 'Gillean mo rùin'.

Mo Chailin Donn Òg – A love song composed by Donald MacIntyre